


# An dòigh-beatha thraidiseanta air Ghàidhealtachd

Ro na **Fuadaichean**, bha a' mhòr-chuid de Ghàidheil a' fuireach ann am bailtean beaga far an robh **dàimh** làidir aig muinntir an àite ri chèile. Thog na daoine taighean cloiche air an robh mullach **tughaidh** de fhraoch, **bealaidh**, **rainneach**, **connlach** no **luachair**.

**Bha na teaghlaichean ag àrach sprèidh agus a' cur bàrr agus thug seo teachd-an-tìr dhaibh.**



Dh'obraich iad an talamh le siostam **roinn-ruithe** agus le ionaltradh **coitcheann**. Bha an talamh àrd nach robh cho math air a chleachdadh mar **ionaltradh** do chrodh agus do chaoraich dhubh-cheannach. Bha an talamh a b' fhaisge air na taighean air a chleachdadh airson **bàrr** agus **glasraich** fhàs.

caoraich  
dhubh-cheannach



Cliog an seo gus Taigh-tasgaidh Sluagh na Gàidhealtachd fhaicinn:



Tha ath-thogail arc-eòlach air baile Gàidhealach ri fhaicinn aig Taigh-tasgaidh Sluagh na Gàidhealtachd ann am Baile Ùr an t-Slèibh. 'S e modail beò a th' ann a tha a' sealltainn far an robh Gàidheil a' fuireach uaireigin.

Chùm Gàidheil ri **siostam nan cinnidhean** a bha air a bhith a' dol fad linntean. Bha an **dualchas** agus an cànan fhèin aca – Gàidhlig.

### **An-diugh, tha glinn na Gàidhealtachd falamh.**

Tha làraich bhailtean air feadh Gàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba. Chaidh coimhearsnachdan beaga à sealladh air sgàth nam Fuadaichean – chaidh na taighean a chaidh fhàgail nan **tobhtaichean**, agus thill am fearann a bha uaireigin air àiteach gu staid nàdarra.

